

An Comunn Gaidhealach.



Dealbh-chluich-ciuil Cloinne.

AN CEOL-SITHE

(A' CHEUD DUAIS, MOD 1925.)

LE IAIN MACCORMAIG.

A' Phris Se Sgillinn.

AN COMUNN GAIDHEALACH,
114 Sraid West Campbell, Glascho.

National Library of Scotland



B000523936

AN COMUNN GAIDHEALACH.



Dealbh-chluich-ciuil Cloinne.

AN CEOL-SITHE

(A' cheud duais, Mod 1925.)

Le Iain MacCormaig.

(Chuireadh a' cho-fharpais so air bonn air chomhairle agus le fialaidheachd an uasail, Donnchadh MacLeoid, Fear Sgeaboist.)

NA PEARSACHAN.

An Taillear,	-	-	-	-	-	-	Giollan
Bean an Tailleir,	-	-	-	-	-	-	Caileag
Geal-bhraighe—agus Aine,	-	-	-	-	-	-	Caileag
Lamh-mhin—agus A' Bhean-nighidh,	-	-	-	-	-	-	Caileag
Cos-gharbh—sealgair,	-	-	-	-	-	-	Giollan
Dubh-fhalt—agus An Siochaire,	-	-	-	-	-	-	Giollan
Na Siochairean,	-	{ A' chuideachd uile gun Chos- gharbh no Aine					

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
D
23 2JA
1969

AN CEOL-SITHE.

A' CHEUD SEALLADH.

Seòmar an tigh an Tàilleir.

AN TAILLEAR—*'Na shuidhe a' fuaigheal, 's e ri crònan mar so :—*

(1) CRONAN.

An Luinneag—Hó ro, 'ille bhig, hùg i ó;
Hùg i óho, hùg i ó;
Hó ro, 'ille bhig, hug i ó;
Chum thu 'n raoir a'm dhùsgadh mi.

An Rann—Dh' fhàg mi 'n nochd thu taobh an uillt;
Taobh an t-sruthain, taobh an uillt;
Dh' fhàg mi 'n nochd thu taobh an uillt;
Feuch an cluinn an Uruisg thu.

AN SIOCHAIRE—*Am feadh a bhios An Tàillear a' seinn thig esan a steach, éisdidh e greis agus an sin their e mar so :—*
Tha balaich sunndach agus daonnan a' toirt beuma do m' sheòrsa-sa.

AN TAILLEAR—*Bheir e leum às le clisgeadh—*Mur a toilleadh do sheòrsa sin chan fhaigheadh iad e. Ach, a chreutair ghrànda ciamar a fhuair thu a steach?

AN SIOCHAIRE—*Ni e gàire magaidh—*Gheibhinn a steach air toll na h-iuchrach, ach gun an corran a bhi os cionn an doruis. Ha-hà, a thàilleir dhuibh na tuaighe!

AN TAILLEAR—*Bheir e ionnsaigh air éirigh—*Beir do chasan leat às an so cho luath 's a rinn thu riamh; neo cruinnichidh mi 'n dùthaich a chur an dùin, le chuid òrd is inneinean, 'na smàl.

AN SIOCHAIRE—Ubh; ùbh, a dhuine! Tha mi seachd ceud bliadhna dh' aois 's chan fhaca mi tàillear riamh cho mosach riut. "Ceud tàillear gun bhi sunndach," ars' an seanair. Ach chan e sin duitse. Hà—'S e bualadh a bhas.

AN TAILLEAR—Tha sunnd an Tàilleir a réir na cuideachd; agus cha chuideachd thusa, a bheadagain shuaraich. Agus bi a mach—'s e maoidheadh air an t-Siochaire.

AN SIOCHAIRE—Hà, a thàilleir dhuibh nan luideagan, chan ann mar sin a dhealaicheas sinn. Bheir mi dhuit cuid de cheòl an dùin, agus chì thu 'n togar a chuireas e annad.

AN TAILLEAR—'S e fàs *crossda*—Cha b' e do cheòl suarach, mì-nàdurra a chuireadh togar an duine a thaobh an t-saoghail so. Agus thoir an dorus ort—na eadhon toll na h-iuchrach—mu'n téid mise a d' charaibh. Bi mach—'s e *ag cocadh ris an dorus*.

AN SIOCHAIRE—Stad! stad! Air do shocair, 's gabhaidh mi rannan de cheòl an dùin duit; agus chi thu an togar a chuireas e ann ad chasan cama. Ha hà! Cluich a nis i! *Tòisichidh an Siochaire air canntaireachd puirt mar a leanas agus leanaidh e air a' phort so gus an ruig càch "Cronan Cadail":—*

(2) PORT-A-BEUL.

Fhir an triubhais fhada léith,
'S math a ghearradh tusa leum;
Fhir an triubhais fhada léith,
Dhìreadh tu na bealaichean.
Dhìreadh tu na bealaichean,
Thèarnadh tu na bealaichean;
Fhir an triubhais fhada, léith,
Dhìreadh tu na bealaichean.

Fhir an triubhais fhada léith,
'S tric a dh' òl thu deoch an fhéidh,
Ann an sruthan fuar nam beur.
Nuair dhìreadh tu na bealaichean.
Dhìreadh tu na bealaichean.
Thèarnadh tu na bealaichean,
Fhir an triubhais fhada léith,
Dhìreadh tu na bealaichean.

Fhir a chuireas snàth an crò,
'S tric a leag thu fear na cròic';
'S mur biodh an t-iarann ann ad dhòrn
Gu'n robh ròic dheth agamsa.
Gu'n robh ròic dheth agamsa.
Gu'n robh ròic dheth agamsa.
Mur biodh an t-iarann ann ad dhòrn
Gu'n robh ròic dheth agamsa.

Fhir a dh' fhuairgheas luideag chlò,
'S sgiobalt thu air ùrlar bhòrd;
'S na 'n robh corran ann ad dhòrn
Ghonadh tu mu 'n amhaich mi.
Ghonadh tu mu 'n amhaich mi,
Ghonadh tu mu'n amhaich mi;
Na'n robh corran ann ad dhòrn
Ghonadh tu mu'n amhaich mi.

A thàilleir dhuibh, gur tu mo rùn
 'S tu bhiodh cuideachdail 'san dùn;
 'S gur h-ann ort a bhiodh an sunnd
 A' sùgradh ris na caileagan.
 A' sùgradh ris na caileagan,
 A' sùgradh ris na caileagan;
 Gur h-ann ort a bhiodh an sunnd
 A' sùgradh ris na caileagan.

AN TAILLEAR—*Aig toiseach ceòl an t-Siochaire. tòisichidh e air bogadaich, 's an sin éiridh e a dhannsadh*—Tog de d' cheòl grànda, a dhearg pheasain. Thusa 's do thighinn a chur tighe troimh-chéile mar so. An cluinn thu, a riocail! Dùin do ghob miomhail. *Bheir e ionnsaigh air an t-Siochaire gach uair a théid e seachad air.*

BEAN AN TAILLEAR—*Thig ise a steach, crònan orain aice. Seasaidh i agus buailidh i a basan 'nuair a chi i 'n tàillear a' dannsadh*—O, chuideachd; a chuideachd! Ciod è tha 'n so? Ciod è a th' air fear mo thighe a dh' fhàg mi 'na shuidhe a' fuaigheal o chionn còig mionaidean? O, tha e air tighinn ormsa, cuideachd. *Tòisichidh ise an sin air dannsadh. Ni an Siochaire fiamh-ghàire agus bas-bhualadh.*

AN TAILLEAR—A bhean; a bhean! Nach sinne fhuir an tàir o'n chreutair shuarach so. *Ris na t-Siochaire*—O na'n robh thu agam a'm innean! Gheibh mise mo latha féin ortsa fathast, a ludragain!

BEAN AN TAILLEIR Obh; óbh; óbh! Nach b'e a' bhochd-ainne fhéin a chuir 's gu'n d'thug mi 'n corran o'n àrd-dorus. O, an ceòl-sithe! Tha mi gu tuiteam.

GEAL-BHRAIGHE—*Thig ise a steach*—O, thiocais, a thiocais! Ciod e a tha 'n so An tàillear 's a bhean. O, a shiochaire sgrèataidh, 's e t' ioraltan-sa a th' ann. Nach fhad o'n chuala mi iomradh air a' cheòl-shithe. O, tha mise an greim aige cuideachd. Stad thusa, a chreutair ghrànda. Cha bhi so gun a dheagh dhioladh. *Tòisichidh ise air dannsadh d' a h-aindeoin. Buailidh an Siochaire a bhasan.*

AN TAILLEAR—Leòra! Cha bhi. ghalad. Agus gheibh leibidein rud a bhios 'na chuimhne gu bràth, 's e cheana seachd ceud bliadhna.

BEAN AN TAILLEIR—O, cuin a sguireas an riocal. O, na'n robh greim agam ort!

AN TAILLEIR—Hui, Suas i!

LAMH-MHIN—*Thig ise a steach*—O chiall, a chiall! An d' thàinig mi gun fhios domh do 'n t-sithean? Tòisichidh ise air dannsadh. Nach d' aithnich mi! An ceòl-sithe! Ciod e idir, idir am mi-fhortan a thug an rathad mi? O, O!

AN TAILLEAR—Hui!

BEAN AN TAILLEIR—Och, och! Hui!

GEAL-BHRAIGHE—O, nach sguireadh tu, fhir bhig, ghrànda, shuaraich.

LAMH-MHIN—O, nach atharraicheadh tu ceòl. Ciamar air thalamh a fhuair an luidealach suarach a steach! O na 'n robh làn m' ingnean agam dhìot.

AN TAILLEAR—O, nach gabh thu ceòl socrach? O, ach mi a dh' fhaotainn greim ort! O!

AN SIOCHAIRE—*Gabhaidh esan a nis ceol-suain mar so:—*

(3) CRONAN CADAIL.

O, caidilìbh, caidilìbh, ho ro hì;
O, caidilìbh, caidilìbh, ho ro hì;
Nach cluinn sibh a' chailleach
Dol timchioll an tighe;
'S na h-abairibh facal mu'n cluinn i sibh.

Uigh— Caidilìbh, caidilìbh, ho ro hì;
Uigh— Caidilìbh, caidilìbh, ho ro hì;
Tha muinntir a' chnocain
A' faire nan dorsan
'S na cluinneadh iad osann, O h-uigh— O h-uigh—

AN TAILLEAR—O, nach e so an fhois mu dheireadh! O,—

BEAN AN TAILLEIR—O, dhuine chridhe!

GEAL-BHRAIGHE—O, leigibh dhomh suidhe.

LAMH-MHIN—O, a chuideachd! An cudthrom a tha 'm cheann leis a' chadal!

Am feadh a bhios a bhruidhinn shuas a' dol air aghaidh bidh an Siochaire ag gabhail a' chrònain; agus bidh an luchd-cluiche a' dol mu'n cuairt nan leth-chadal. An sin suidhidh an taillear air a' bhòrd agus tuitidh e 'na chadal. Caidlidh càch air suidh-eachain. Falbhaidh an Siochaire.

DUBH-FHALT—*Thig esan a steach, agus togaidh e a làmhnan le iongnadh—*A Rìgh nan dùl! Cìod e tha 'n so? A h-uile duine fo chromadh an tighe agus srann aca air an cathraichean, mar gu'm biodh ann an Fhéinn. Nach iad a dh' òl an deoch cadail gu dearbh. Haigh! Ho! Ho ró! Dùisgibh, dùisgibh. Haigh, haigh!

Dùisgidh a' chuideachd, agus seallaidh iad mu'n cuairt mar nach bidh fhios aca c'aite 'm bheil iad.

AN TAILLEAR—*Tachaisidh esan a cheann; fàsgaidh cach an sùilean; ni iad uile mèananaich is altachadh—*Cìod e a th' an so? C'aite 'm bheil mi? *Seallaidh e mu'n cuairt. C'ait' a bheil an rìocal a thàinig a steach 's a chuir 'na leithid de bhràth-cheò mi?*

BEAN AN TAILLEIR—O, dhuine chridhe, cha tu h-aon. 'S ann a shaoil mi gu'n do chaill thu do thoinisg 'nuair chunnaic mi dannsadh leat fhéin thu.

GEAL-BHRAIGHE—Tha mise an dòchas nach glacar mise le ceòl sìthe a rithis.

LAMH-MHIN—Cha d' fhaireich mi a leithid de thàladh riamh. Cha dèanadh sruth Choire-Bhreacain mo dheoghal 'na shrùlaig na bu deise na chuir ceòl an luidealaich bhig a dhannsadh mi.

DUBH-FHALT—Agus a chadal, cuideachd, shaoilinn.

BEAN AN TAILLEIR—*Ni ise mèananaich*—O, Dhubb-fhuilt, an do thill thu? Leis an t-suainich a tha 'm cheann cha do mhòthaich mi riamh dhuit. Ciod e an soirbheachadh a bh' ort an diugh?

DUBH-FHALT—Tilleadh le làmhan falamh as a' bheinn-sheilge.

AN TAILLEAR—*Ni esan mèananaich*—Is math thu thilleadh le do làmhan falamh fhéin. *Ri Geal-bràighe*—Cuin a thainig sibhse steach, a chàillean?

GEAL-BHRAIGHE—Chan 'eil fhios a'm co-dhiùbh 's e 'n “diugh” no 'n “dè” their mi ris an latha.

LAMH-MHIN—Tha mise 'san t-suidheachadh cheudna.

BEAN AN TAILLEIR—Ach ciod e do sgeul air Cos-gharbh, a Dhubb-fhuilt?

DUBH-FHALT—Chaidh mise do 'n Bheinn Chorraich, agus chaidh Cos-gharbh do Sgùrr nam meann, far nach togadh am fiadh sròineiseach fhàileadh an aghaidh na gaoithe, a chum 's gu'n tigeadh an t-seilg a shèabadh a shaighead am rathad-sa.

BEAN AN TAILLEIR—Seadh!

AN TAILLEIR—Seadh! Ciod e 'n t-iongnadh is mò chunnaic thu?

DUBH-FHALT—Chunnaic mi laogh-féidh a' call fala, agus saighead Chos-ghairbh air chrith 'na shliasaid.

BEAN AN TAILLEIR—'S eagal leam gu'n deach e air seachran 'ga lorg.

AN TAILLEAR—Cha mhath do naidheachd, 'ille.

GEAL-BRAIGHE—Math dh' fhaoidte fiadh-sithe de 'n àl a bhléoghnas a' bhean-shithe bheag anns an fhrith.

LAMH-MHIN—No math dh' fhaoidte ban-phrionnsa fo gheas-aibh.

BEAN AN TAILLEIR—Math dh' fhaoidte gu bheil e nis air a chuartaichadh le badan de cheò-sithe, 's e ag iomairt mu'n cuairt dh' fheuch an lorgaich e ceann an rathaid nach fhaigh e.

COS-GHARBH—*Thig esan a steach le a bhogha, is iteag eòin 'na bhoineid. Cuiridh a chuideachd uile fàilt air.*

BEAN AN TAILLEIR—Do bheatha dachaidh, a rùin 's a ghaoil, ged is ann le bogha gun sìthinn thar gualainn, gun seilg fhéin e. Thig a steach, a rùin; tha fhios gu bheil thu air acras.

COS-GHARBH—Cha dùth dhomh gun bhì air acras, is tuaineal am cheann a' rùrach laogh-féidh an ceò-sithe fad an latha. Chan 'eil na 's motha no na 's lugha de sheilg agam na 'n iteag ud, a chuir mo shaighead á sgiath lacha ghrinn a dh' éirich a' ràcail á glumaig na h-aibhne. *Bheir e an iteag ás a' bhoineid, agus seallaidh iad uile oirre.*

BEAN AN TAILLEIR—Tha sgeul annasach an cois na h-iteig so; agus creidibh mise gur cùbhraidh an sgiath anns an do chinn i.

AN TAILLEAR—Agus buaidh is piseach air an làimh a chuireas an lach an greim. Chan abrainn nach i maighdeann fo gheas-aibh a th' innte. Chan 'eil fhios idir ciod e 'n duais a tha a' feitheamh air an laoch sgairteil a bheir fuasgladh dhi.

LAMH-MHIN—Math dh' fhaoidte gur i nighean rìgh a th' innte, agus leth rioghachd a h-athar mar dhuais aig an fhear a bheir dachaidh i. Nach iomadh sgeul de 'n t-seòrsa sin a chuala sinn.

GEAL-BHRAIGHE—Cò aig tha fios nach i nighean rìgh na Loch-lainne a th' ann. Thàtar ag ràdh gu'n deach a cur fo gheas-aibh. Ach cò air bith a th' ann, 's e gnìomh sònraichte bheir gu a cruth nàdurra féin i. Na'm bu ghille òg mise, rachainn am bhogha 'sam chlàidheamh, is shiùbhlainn an domhan mòr gus am faighinn i air dòigh-eiginn.

DUBH-FHALT—Tha mise toileach frith is fireach is loch a shiubhal air lorg na tunnaige.

COS-GHARBH—Tha mise toileach an domhan a shiubhal sear is siar.

BEAN AN TAILLEIR—So dà bhloigh bonnaich, ma tà. Agus o'n is tusa, a Dhubh-fhuilt, a thug a' cheud tairgse gu falbh, ciod e bhios agad: an leth beag 's mo bheannachd, no 'n leth mòr 's mo mhallachd.

DUBH-FHALT—Bithidh agam an leth mòr 's 'ur mallachd. Ciod e a ni 'ur mallachd no 'ur beannachd ormsa?

BEAN AN TAILLEIR—Co 'n leth a bhios agadsa, a Chosghairbh?

COS-GHARBH—Bithidh agamsa an leth beag 's 'ur beannachd. Cha bhi mòran àigh air mo thurus mur a bi beannachd am chuideachd.

BEAN AN TAILLEIR—Falbhaidh tusa, ma tà; agus chan 'eil fhios nach ann a' dol a dh' iarraidh do pheathar a tha thu. Bu dlùth do m' chridhe a chaidh sealladh na h-iteig. Tha ceithir bliadh'n-deug o'n thugadh air falbh o thaobh na h-adaig i, 's mi air an achadh-bhuana. Agus 's ann dòmhsa thigeadh a ràdh gu dearbh: "O, dh' fhàg mi 'n so 'na shineadh e, 'na shineadh e," etc. *Seinnear an so "Mo Chùbhrachan."* (4) *Feuch Còisir a' Mhoid. t.d. 37 air son nam facal agus seinn 'Chubhrachan' an aite 'Chòineachan'.*

COS-GHARBH—'S e falbh—Slàn leibh, ma tà bidh mise a' dol air ceann mo thurus le leth beag a' bhonnaich agus beannachd mo mhàthar.

A' CHUIDEACHD—Slàn leatsa. Turus math ort. Ho ré. *Is iad ag crathadh an làmh às a dhéidh.*

Leigear sìos am brat.

II.

A' BHEAN-NIGHIDH—*Thig ise a steach o thaobh an àrdain agus toisichidh i air nigheadh aodaich mar gu'm b' ann an allt. Am feadh a bhios i ag obair, bithidh i a' seinn Crodh-Chailein—*
(5) *Feuch "A' Chòisir Chiùil" air son nam facal.*

COS-GHARBH—*Thig esan a steach o thaobh eile an àrdain. Seasaidh e tacan ag èisdeachd ris a' cheòl. Their e an sin a leihtaobh—*So a' bhean-nighidh; 's ma thig mi oirre gun fhios, innsidh i dhomh gach ceum is còir dhomh a ghabhail. *An sin snàgaidh e chuice. Cuiridh e a lamh air a gualainn; agus gabhaidh ise clisgeadh.*

COS-GHARBH—*Mo làmh ort, agus cead bruidhinn an toiseach agam.*

A' BHEAN-NIGHIDH—*O, 's tu chuir an clisgeadh orm. Leig às mi! Leig às mise!*

COS-GHARBH—*Cha leig. Chuir thu do cheò-sithe umam an dé, agus chaill mi laogh an fhéidh. Ach tha thu nis an greim agam gus an cuir thu mi air lorg na lacha às an d'thainig an iteag ud. Sud i.*

A' BHEAN-NIGHIDH—*An dé thilg thu saighead air mo laogh bòidheach 's mi a' bleoghann a mhàthar air Sliabh nam Ban Fionn. Ach an diugh, ma leigeas tu as mi, cuiridh mi air lorg na lacha thu.*

COS-GHARBH—*Seadh, ma tà. Cluinneam thu.*

A' BHEAN-NIGHIDH—*B' i an lach air an do thilg thu saighead do phiuthar féin, 's i fo gheasaibh. Tha i ré 'n latha 'na lach bhòidhich; ach ré na h-oidhche 'na cruth féin 'san dùn ud thall.*

COS-GHARBH—*Seadh. Agus ciamar a gheibh mi a steach do'n dùn?*

A' BHEAN-NIGHIDH—*Chan e ciamar a gheibh thu a steach a' chùis idir; ach ciamar a gheibh thu a mach, agus do phiuthar a thoirt leat.*

COS-GHARBH—*Seadh, ma tà. Ciod e an seòl air an cuir thu mi?*

A' BHEAN-NIGHIDH—*Faigh coileach a thàinig a nìos o ugh eireige anns a' Mhàrt. Rach a steach do 'n Dùn 's an coileach ad achlais. Tha 'n Dùn fosgailte an ceartair, 's na sìochairean ri ceòl 's ri dannsadh. Cha ghabh a h-aon diubh turus riut gus am bi e faisg air glaodh nan coileach. An sin iarrar ort dol a mach. Ach na téid thusa a mach gus am faigh thu do phiuthar leat. Feumaidh iad a leigeil leat, oir ma ghlaodhas an coileach cha ghabh an Dùn dùnadh gu ceann bliadhna.*

COS-GHARBH—*Gu'n robh math agad. Bìodh do cheumannan saor agad mar an ceudna.*

Falbhaidh an dithis às an t-sealladh.

Togar am brat

AN DARA SEALLADH.

Sithean, 's na siochairean a' dannsadh.

COS-GHARBH—*Thig esan a steach, is coileach 'na uchlais. Suidhidh e. Ithidh e an leth-bhonnach, agus gabhaidh e earail ris na daoine beaga a' dannsadh*—Tha iomadh rìbhinn an so; ach cò dhiubh mo phiuthar-sa?

SIOCHAIRE—*Thig Ceannard an Dùin chuige*—Cuir a mach an coileach.

COS-GHARBH—Cha chuir mi a mach an coileach gus an tach-air na 's fheàrr na thus' orm.

SIOCHAIRE—Cuir a mach an coileach, no bithidh e daor dhuit; 's na bì cho ladarna.

COS-GHARBH—Cha chuir mi mach an coileach gus an teid mi fhéin am mach. 'S cha teid mi fhéin a mach gus am faigh mi mo phiuthar leam. Sud ort, fhir bhig!

SIOCHAIRE—Chan fhàg do phiuthar so; agus cuir a mach an coileach 'sa mhionaid; agus gabh mo chomhairle ma 's math leat do shlàinte.

COS-GHARBH—Mur a fàg, chan fhàg mise no 'n coileach; agus 's e sin as miosa dhuit-sa. Agus gabh thusa comhairle.

SIOCHAIRE—'S math tha fhios am cò chuir suas ris na h-ioraltan thu, agus biodh leat.

COS-GHARBH—Tha sin cho math dhuit.

SIOCHAIRE—*Bheir esan Aine dh' ionnsaigh Chos-ghairbh*—Sin agad do phiuthar, ma tà; agus bì mach á so air a' chnàig. Mach le chéile sibh.

COS-GHARBH—*Eiridh esan agus bheir e leis Aine air làimh.*

Leigear sìos am brat.

Thig Cos-gharbh agus Aine a steach o thaobh an àrdaìn agus coisichidh iad dh' ionnsaigh an taoibh eile.

AINE—O, cò thusa; no c' àit a bheil thu 'gam thoirt O, nach neònach so!

COS-GHARBH—Tha mi 'gad thoirt dachaidh gu d' chuideachd. 'S fhada 'gad ionndrainn iad.

AINE—'S i a' sealltainn mu'n cuairt oirre le neònachas—“Dachaidh,” “Cuideachd.” O, tha seòrsa de chuimhne agam. An adag! Am fear beag! C' àit a bheil mi?

Theid Cos-gharbh agus Aine a mach.

Togar am brat.

AN TREAS SEALLADH.

Seòmar an tigh an Tàilleir.

AN TAILLEAR—'Na shuidhe air a' bhòrd a' feuchainn air snàthainn a chur troimh chrò, 's gun e 'g amas air—Feuch am brod a h-aon agaibh an crùisgean. Cha léir domh an snàth-

ainn a chur 'san t-snathaid leis an dorcha. So, a Lamh-mhin; feuch an iad do shùilean as géire.

BEAN AN TAILLEIR—Feuch an so e. Tha do shealladh a' dol air ais, a laochain. *Cuiridh ise an t-snàthainn troimh 'n chrò.* So; sin e nis. Tha do shealladh a' dol air ais gu dearbh.

AN TAILLEAR—'S e a' fuaigheal—Cha dùth dhomh. Ach, mur a bheil mo shealladh cho math no mo shùil cho geur 's a bha iad aon uair, tha mo theanga cho tana 's a bha i riamh.

LAMH-MHIN—Ceud tàillear gun bhi sunndach, mu'n d' thuirt iad e. Cha bhiodh iad ro shunndach gun teangadh gheur 'nan ceann.

AN TAILLEAR—Fhuaras agad e, a chaileag. *An sin seinnidh e am port so ris a' cheud cheòl a bh'anns a' chluiche.*

- (1) Hó ro, ille bhig, hùg i hó;
 Hùg i oho, hùg i ó;
 Hó ro, ille bhig, hùg i ho
 Chum thu'n raoir am dhùsgadh mi.

BEAN AN TAILLEIR—O, tog dheth; tog dheth. Nach e sin an t-iorram no 'n crònan luideach a bha thu ag gabhail an oidhche thainig am fear beag a steach. Shaoilinn gu'n d' fhuair thu do leoir deth, dhuine.

AN TAILLEAR—Nach fhior duit, a bhean.

GEAL-BHRAIGHE—Fhuair e a leoir cadail an oidhch' ud, co-dhiùbh.

BEAN AN TAILLEIR—Fhuair sinn sin air fad. Agus de dhann-sadh, cuideachd.

AN TAILLEAR—Dh' fhàg e ar casan aotrom 's ar cinn trom; agus sin an ruidhle-dannsaidh. Ha hà!

DUBH-FHALT—'S mur a tiginn-sa a steach 'san ám, bha a huile sùil agaibh 'n 'ur cadal gus an so. Agus gu dearbh, bha srann a' chadail agaibh.

LAMH-MHIN—Ach, 'ille mhaith, na 'n d' thàinig thu na bu tràithe, bha do chuid de 'n chadal 's de 'n dannsadh agad. Nach e sud an oidhche thug Cos-gharbh bochd dachaidh an iteag?

BEAN AN TAILLEIR—O, an iteag; an iteag! Mo ghualadh; mo ghualadh! 'S chan 'eil fhios c'ait' a bheil Cos-gharbh an diugh air a tàilleabh.

GEAL-BHRAIGHE—Math dh' fhaoidte, air a thàladh do 'n t-sithean, mar a thachair do iomadh aon.

DUBH-FHALT—Cha chuireadh an Dùn cùram air, is sgian-dubh aige air a chruachann.

BEAN AN TAILLEIR—Chaidh mo rùn air turus mu thuaiream 's chan 'eil fhios idir c'ait' a bheil ceann a shlighe. Bu mhór m' iomaguin 'nuair bhiodh e anmoch 'sa bheinn-shithinn agus sheilg; ach bhiodh daonnan barail agam ciod e a chuireadh dàil 'na thilleadh. Chan 'eil a' chùis mar sin air an turus so,



's mi gun fhios c'ait' an leag e a cheann 'san oidhche. O nach b' e thilleadh às a' bheinn far an leanadh e lorg an fhéidh, ris an robh fiughair agam an nochd. *Tòisichidh i air seinn mar a leanas; agus togaidh a' chuideachd am fonn, aon uair 's gun tòisich i.*

(6) PORT PÌOBA.

An Luinneag—A' ruith nan gobhar, ruith nam meann;
A' ruith nan gobhar anns a' ghleann;
'S tric a chaidh tu le d' choin sheang,
A ghaoil, a shealg 's na munaidhean.

An Rann—Is tric a chaidh thu le d' choin sheang
Air lorg na h-éilde feadh nam beann;
Ged chaidh thu nis air saod gun cheann,
A ghaoil, a shealg na tunnaige.

Is carach luaineach greigh nam beur,
'S caillidh sealgair lorg an fhéidh;
Ach 's mòr is duilghe eòin nan speur
A chur an greim nuair theicheas iad.

Bu tric thu anmoch feadh nam frith;
Bu tric a thill thu chugam sgìth;
An diugh 's e's dorran air mo chrìdh
Nach cinnt domh 'n till thu tuillidh rium.

Nuair a bhios crìoch gu tighinn air an òran lhigh Cos-gharbh agus Aine a steach, ise aige air làimh. Bithidh Aine a' sealltainn feadh an tìghe is air a' chuideachd, agus coltas faiteach, fiata oirre.

AN TAILLEAR—*Buailidh e a làmhan air a chèile agus glaothaidh e—Cos-gharbh! Cos-gharbh! Cos-gharbh! Ce b'e cò i a th' aige!*

BEAN AN TAILLEIR—*'S i togail a làmhan—O, gu cinnteach mur 'eil e air tighinn. Ach cò air an t-saoghal a th' agad, a rùin? 'S math leam do bheò thilleadh.*

AINE—*S i a' dol mu'n cuairt le a làmhan sgaoilte a mach—O, dé 'n t-àit' a tha 'n so? C' àit' a bheil mi? Leigibh às mi. Leigibh air falbh mi. O! O!*

GEAL-BHRAIGHE—*Chan 'eil fhios nach e ban-phrionnsa a th' innte. Nach bòidheach i!*

LAMH-MHIN—*Math dh' fhaoidte nighean rìgh na Lochlainne mu thuath. O, ciamar a fhuair thu i? A Chos-ghairbh nan euchd.*

DUBH-FHALT—*Cò sam bith a th' ann, tha i air a h-aineol. Seallaibh mar tha i dol mu'n cuairt mar eun an doire choimhich.*

BEAN AN TAILLEIR—Cò th' agad, a rùin?

COS-GHARBH—Tha i an sin, is aithnichibh i.

BEAN AN TAILLEIR—O, rùin; a rùin! Ma 's còir duinn a h-aithneachadh, chan i ionndrainn an tighe-sa th' innte.

COS-GHARBH—Sin agaibh 'ur nighean, Aine, ma tà; is chuir a' bhean-nighidh air a lorg mi: an té a thug oirbh an fhallaid a chur air ais do'n gheàrnal a chum ìre bhì 'sa mhin. Sin agaibh i.

Cuairtichidh a' chuideachd Aine g'a fàilteachadh. Ach bithidh Aine a' teicheadh uapa.

AINE—O, leigibh a mach mi. Leigibh a mach mi. O, c'ait' a bheil mi? Chan aithne dhomh duine agaibh.

BEAN AN TAILLEIR—Chan fhàg thu luaidh, do mhàthair. Na fàg mi. Na fàg mi, eudail.

COS-GHARBH—'S fhèarr rudeiginn a dhèanamh a bheir 'ga cuimhne i.

AN TAILLEAR—*Leumaidh esan air a' bhòrd*—Theid mise a dh'fhuaigheal. *Tòisichidh e air fuaigheal an cabhaig 's air gabhail òrain: "Hóro, ille bhig," etc.*

BEAN AN TAILLEIR—O, sguir dheth. Sguir dheth. A bheil facal idir agad ach an dùrdan sin?

LAMH-MHIN—Gu dearbh; gu dearbh!

DUBH-FHALT—'S ann is fhèarr òran a chual i iomadh uair a ghabhail. Tha i mar gu'm biodh an tigh a' tighinn 'na cuimhne cheana.

GEAL-BHRAIGHE—'S e crònan altruum as fhèarr: rud-eiginn a bhiodh sibh féin ag gabhail.

BEAN AN TAILLEIR—Stadaibh-se, ma tà. Gabhaidh mise crònan a bhiodh i fhéin a' gabhail 'nuair a bhiodh i ag altrum na déideig. So mar a tha e dol:—

(7) CRONAN.

An Luinneag—Tha 'n ceò 'sa bheinn;
Tha 'n ceò 'sa bheinn;
Tha 'n ceò 'sa bheinn
'S mo ghaol air chall.

An Rann—Ba bà, mo chagar;
Ba bà, mo chagar;
Ba bà, mo chagar;
Is t' athair 'sa ghleann.

Is beag a th' air m'aire
De shunnd no dh' aighear
O 'n thill an gadhar
Is t' athair air chall.

Am feadh a bhios Bean an Tàillear ris an t-seinn bithidh a' bhruidhinn a leanas a' dol air aghaidh.

COS-GHARBH—Tha i a' fàs aoibheil cheana. Tha i tighinn g'a cuimhne.

AINE—'S i dol mu'n cuairt a' sealltainn air gach aon fa leth am feadh a thu 'n t-òran 'ga sheinn—O, bha mi 'n so roimhe! uaireiginn. O chionn fhada a t-saoghail. Tha cuimhn' agam a nis.

LAMH-MHIN—Tha i 'g aithneachadh an tìghe. Tha i a' tighinn chuire féin.

AINE—O, am fear beag. Tha cuimhn' agam a nis. O, mi 'm laighe taobh na h-adaige. Mo mhàthair a' buain. O, an e brúadar a th' ann?

Seallaidh i air a màthair—O, mo mhàthair! Togaidh Bean an tàilleir a lamhan rithe, 's i gabhail a' chronain—Tha cuimhn' agam air a' chrònan: "Tha ceò 'sa bheinn."

GEAL-BHRAIGHE—Tha i 'g aithneachadh a màthar.

AINE—'S i a' sealltainn air a' bhòrd—O, tha cuimhn' agam a nis. Am bòrd air am biodh m' athair a' fuaigheal. O, nach fhada bhuaithe!

Sguiridh an crònan. Bidh an tìgh sàmhach agus Aine a' dol mu'n cuairt 's a làmhan sgaoilte a mach.

AINE—O, "An ceò 'sa bheinn. Tha cuimhn' agam air mo mhàthair, 'ga sheinn. O, mo mhàthair. Cuiridh i a làmhan mu mhuineal a màthar). 'Si th' ann. So m' athair. Tha cuimhn' agam air. Seallaidh i air càch. Ach co eile tha 'n so?"

BEAN AN TAILLEIR—So Cos-gharbh. So Dubh-fhalt nach do rugadh 'nuair a chaill sinn thu, rùin. 'S an aithnich thu Geal-bhràighe is Lamh-mhin a bhiodh ag cluich leat air an dail.

AINE—O, chan aithnich. Chan aithnich mi 'n còrr. O, nach fhada bhuaithe. O, mhàthair, a rithis; a rithis.

Cuiridh i 'n sin a làmhan mu mhuineal a mathar. Bidh càch uile sàmhach 's a' sealltainn air an dithis.

Leigear sìos am brat.

A' CHRIOCH.



CEÒL NAN ORAN.

1.—HÓRO ILLE BHIG.

GLEUS F.

{ | d : - : r | m : - : r : m | s : - : f | m : - : - | m : - : r | m : - : 's | l : - : s | m : - : - |
 { | d : - : r | m : - : r : m | s : - : f | m : - : m | d : - : r | m : - : m | r : - : d | d : - : - | }

2.—FHIR AN TRIUBHAIS FHADA LÉITH.

GLEUS F.

{ | d . l : s . r | f . m : f | m . d : d . d | r . l . : r | d . l : s . r | f . m : f | m . d : d . d | r . t . : t . | }
 { | m . d : d . d | f . m : m | m . d : d . d | r . t . : t . | d . r : s . r | f . m : f | m . d : d . d | r . t . : t . | }

3.—CRÓNAN CADAIL.

GLEUS G.

{ : s₁ | d : d : d | m : m : m | r : - : d | t₁ : - : s₁ | d : d : d | m : d : m | s : - : f | m : - : }
 { : m | s : s : s | s : r : r | f : f : f | f : m : s₁ | d : d : d | m : d : m | r : - : d | d : - : | }

4.—MO CHÙBHRACHAN.

GLEUS G.

{ : s₁ | d : - : r | m : - : s | l : - : l | s : - : m | m : - : s | l : - : l | s : m : d | r : - : }
 { O | dh' fhag mi'n so 'na shin - eadh e, 'na shin - eadh e, 'na shin - eadh e. }
 { : s₁ | d : - : r | m : - : s | l : - : l | s : - : s₁ | l₁ : - : d | m : - : m | r : - : d | d : - : }
 { O | dh' fhag mi'n so 'na shin - eadh e, 'Nuair dh' fhalbh mi bhuainn nam braoileagan. }
 { : r | m : r : r | d : - : r | m : - : r | m : - : s | m : r : d | l₁ : d : - : | r : - : - | d : - : }
 { Mo | chùbhrachan dubh, is cùbhraidh thu; Mo | chùbhrachan dubh thu, hó hó }
 { : r | m : r : r | d : - : r | m : - : r | m : - : s | m : r : d | l₁ : d : - : | r : - : - | d : - : }
 { Mo | chùbhrachan dubh, is cùbhraidh thu; Mo | chùbhrachan dubh thu, hó hó } }

5.—CRODH CHAILEIN.

GLEUS D.

{ : r , m | s : s : l | r : r : r , m | s : s : l | r' : - : d' , t₁ | l : a' : m , r | d : r : s . m | s : l : m | r : - : | }

6.—RUITH NAN GOBHAR.

GLEUS Eò.

{ , d | d , r : m . f | s . f : m , m | f . s : m . d | r . d : t₁ | d , r : m . f | s . f : m , s | f , m , r , d : t₁ , d | r . d : d . }
 { . m . f | s . m : d' . m | s . f : m , m | f . s : m . d | r . d : t₁ , d | r . m : f . s | s . f : m , s | f , m , r , d : t₁ , d | r . d : d . , | }

7.—THA'N CEÒ 'SA BHEINN.

GLEUS G.

{ . d | m : - : m | m . d : d : - | r : - : r | r . d : d : - | m : - : m | m . d : d : - | r : - : t₁ | d : - : | }

